

A Dhè bheò,
tha thu a' toirt beatha dhan t-saoghal
agus dod Chruthachadh gu lèir,
agus chì sinn do làmh gar treòrachadh
tro làithean ar beatha.
Deònaich gun aithnich sinn do threòrachadh,
gus am bi sinn beò a-rèir do rùin.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
tha thu a' toirt beatha dhan t-saoghal
agus dod Chruthachadh gu lèir,
agus tha do ghràdh airson do Chruthachaidh
a' lìonadh an t-saoghail gu iomall na talmhainn.
Deònaich dhuinn rùn suidhichte
gus an aire a thoirt air do Chruthachadh,
an t-àite a thug thu dhuinn mar àite-còmhnaidh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
tha thu a' toirt beatha dhan t-saoghal
agus dod Chruthachadh gu lèir,
agus dhealbh thu sinn nar faileasan ìomhaigh Dhè.
Deònaich gum faic sinn d' ìomhaigh
nar coimhearsnaich,
agus gun cur sinn luach nas àirde
air beatha nan uile.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
tha thu a' toirt beatha dhan t-saoghal
agus dod Chruthachadh gu lèir.
Chì sinn an saoghal mar a tha e a-nis,
agus tha fhios againn nach eil e fhathast mar a mhiannas tu gum biodh.
Deònaich dhuinn creideamh
ach am faic sinn ìosa,
agus gus an lean sinn an Tì
as e ceannard is fear-crìochnachaidh ar slànachaidh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.